

Achd Sgoiltean (Co-chomhairleachadh) (Alba) 2010

Aithisg le Foghlam Alba a' dèiligeadh ri taobhan foghlaim a' mholaidh le Comhairle na Gàidhealtachd sguir a thabhann solar foghlaim aig Bun-sgoil Ùige, agus a' cur a sgìre-sgoile ri tè Bun-sgoil Chille Mhoire.

Sultain 2019

1. Ro-ràdh

1.1 Chaidh an aithisg seo bho Foghlam Alba ullachadh le Luchd-sgrùdaidh na Banrigh a rèir cumhan Achd Sgoiltean (Co-chomhairleachadh) (Alba) 2010 (“Achd 2010”). Is e adhbhar na h-aithisg beachd neo-eisimeileach agus neo-phàirteach a thabhann mu mholadh Chomhairle na Gàidhealtachd gun leantainn air adhart leis an t-solair foghlaim aig Bun-sgoil Ùige, a’ cur a sgìre-sgoile ris an sgìre-sgoile aig Bun-sgoil Chille Mhoire. Tha Earrann 2 den aithisg a’ cur an cèill geàrr-fhiosrachadh mun phròiseas co-chomhairleachaidh. Tha Earrann 3 den aithisg a’ cur an cèill beachdachadh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air taobhan an fhoghlaim den mholadh, a’ gabhail a-steach beachdan cudromach a chuireadh an cèill le luchd-comhairleachaidh. Tha Earrann 4 a’ toirt geàrr-iomradh air beachd an Luchd-sgrùdaidh san fharsaingeachd mun mholadh. An uair a gheibhear an aithisg seo, tha an Achd a’ cur riathanas air a’ chomhairle beachdachadh oirre agus an uair sin an aithisg co-chomhairleachaidh dheireannaich aige ullachadh. Bu chòir don aithisg co-chomhairleachaidh dheireannaich aig a’ chomhairle an aithisg seo a ghabhail a-steach agus mìneachadh a bhith ann den dòigh, ann a bhith a’ tighinn gu co-dhùnadh mun mholadh, a tha e air lèirmheas a dhèanamh air a’ mholadh a bha ann o thùs, a’ gabhail a-steach geàrr-chunntas air na puingeann a chaidh a thogail tron phròiseas co-chomhairleachaidh agus am freagairt a thug a’ chomhairle dhaibh. Feumaidh a’ chomhairle aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach fhoillseachadh trì seachdainean mus tig e chun a’ cho-dhùnaidh dheireannaich. Far a bheil a’ chomhairle a’ moladh sgoil a dhùnadh, feumaidh e na dleastanasan reachdail air fad a tha ann an Achd 2010 a leantainn, a’ gabhail a-steach a bhith a’ toirt fios do Mhinistearan taobh a-staigh sia làithean obrach de bhith a’ tighinn chun a’ cho-dhùnaidh dheireannaich aige agus mìneachadh don luchd-co-chomhairleachaidh an cothrom a tha aca a bhith a’ dèanamh riochdachaidhean gu na Ministearan agus na solaran sònraichte a tha an cois mholaidhean a thaobh a bhith a’ dùnadh sgoil air an tuath.

1.2 Bheachdaidh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air:

- a’ bhuidhe a dh’fhaodadh a bhith aig a’ mholadh air clann na sgoile; luchd-cleachdaidh sam bith eile; clann a dh’fhaodadh a bhith nan sgoilearan taobh a-staigh dà bhliadhna bho cheann-latha foillseachaidh a’ phàipeir mholaidh; agus clann eile ann an sgìre na comhairle;
- buaidhean sam bith eile a dh’fhaodadh a bhith aig a’ mholadh;
- mar a tha a’ chomhairle am beachd droch buaidhean sam bith a lùghdachadh no sheachnadh a dh’fhaodadh èirigh bhon mholadh; agus
- na buannachdan foghlaim a tha a’ chomhairle a’ creidsinn a thig mar thoradh air a bhith a’ cur a’ mholaidh an sàs, agus adhbharan na comhairle airson a bhith a’ tighinn gu na beachdan sin.

1.3 Ann a bhith ag ullachadh na h-aithisg seo, ghabh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh os làimh na gnìomhan a leanas:

- beachdachadh air gach obair-pàipeir buntainneach air a thoirt seachad leis a’ chomhairle a thaobh a’ mholaidh, gu sònraichte an aithris mu na buannachdan foghlaim agus na sgrìobhainnean co-chomhairleachaidh co-cheangailte ri seo, tagraidhean sgrìobhte agus air an labhairt bho phàrantan agus feadhainn eile; agus
- cuairtean gu Bun-sgoil Ùige agus Bun-sgoil Chille Mhoire, a’ gabhail a-steach conaltradh ri co-chomhairleachaidhean iomchaidh.

1.4 Leis gu bheil am moladh a' ciallachadh gum bi sgoil air an tuath air a dùnadh, ghabh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh a-steach beachdachadh na comhairle mu roghainnean sam bith eile seach a bhith a' dùnadh Bun-sgoil Ùig, a' bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aige air a' choimhearsnachd ionadail agus a' bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aig ullachaidhean siubhail eadar-dhealaichte mar thoradh air an dùnadh a bha air a mholadh.

2. Am pròiseas co-chomhairleachaidh

2.1 Ghabh Comhairle na Gàidhealtachd os làimh an co-chomhairleachadh air a mholadh (na mholaidhean) a thaobh [Achd Sgoiltean \(Co-chomhairleachadh\) \(Alba\) 2010](#).

2.2 Bha am pròiseas co-chomhairleachaidh a' ruith bho 4 Ògmhios 2019 gu 30 Lùnastal 2019. Bha am pàipear molaidh ri fhaotainn air-loidhne agus chaidh fiosrachadh a thoirt dhan phoball tro phàipearan ionadail agus tro làrach-lìn na comhairle. Chaidh coinneamh phoblach a chumail air 19 Ògmhios 2019 le 17 luchd-ùidh an làthair. Thug seachdnar dhaoine bhon choimhearsnachd freagairt dhan chomhairle ann an sgrìobhadh. Is e glè bheag taic do mholadh na comhairle a chaidh fhoillseachadh aig a' choinneimh phoblach, no bhon fheadhainn a fhreagair ann an sgrìobhadh.

3. Taobhan foghlaim a' mholaidh

3.1 Tha Comhairle na Gàidhealtachd air grunnan buannachdan foghlaim a mhìneachadh a tha iad den bheachd a thig mar thoradh air a bhith a' cur an cèill a' mholaidh Bun-sgoil Ùige a bhith dùinte gu maireannach. Tha iad mothachail nan deigheadh cuid den chloinn a tha an-dràsta a' frithealadh Bun-sgoil Chille Mhoire gu Bun-sgoil Ùige gum biodh iad a' gluasad gu sgoil aig an robh àrainn ionnsachaidh a chaidh a mheasadh mar bochd. Tha an àireamh nas motha de chlann ann an clasaichean tro mheadhan na Beurla agus tro mheadhan na Gàidhlig ann am Bun-sgoil Chille Mhoire a' tabhann chothroman nas fheàrr airson obair buidhne agus ionnsachadh co-obrachail le clann de na h-aon aoisean agus ìrean. Tha an rola nas motha san sgoil a' tabhann chothroman nas motha airson sgiobaidhean spòrs, geamannan, ceòl agus cur-seachadan eile. Tha àireamhan nas motha de chlann a' toirt cothrom airson raon nas fharsaing de chur-seachadan an dèidh na sgoile a tha nas seasamhaich. Nam biodh Bun-sgoil Ùig a' dol a dh'fhosgladh a-rithist, agus a' tabhann an dà chuid Foghlam Meadhan Gàidhlig (FMG) agus Foghlam Meadhan Beurla (EME), bhiodh dùbhlain na bu mhotha ann a thaobh a bhith a' libhrigeadh làn bhogadh do chlann ann am P1-P3 FMG. Tha seo mar thoradh air na structaran clas a dh'fhaodadh a bhith ann. Chan eil a' chomhairle am beachd sgoil-àraich FMG no EME a thabhann ann an Ùige nan deigheadh Bun-sgoil Ùige fhosgladh às ùr. Tha na h-ullachaidhean a tha ann aig an àm a tha an làthair a' leigeil le clann gluasad gu furasta gu P1. Tha Luchd-sgrùdaidh na Banrigh ag aontachadh gum faodadh gu bheil buannachdan foghlaim ann, ma thèid moladh na comhairle air adhart. Bu chòir dha na buannachdan sin a bhith air an cothromachadh an aghaidh a' chothruim a chaidh a chall do chlann à Ùige a bhith a' coiseachd, no a' dol air baidhsagal chun na sgoile ionadail aca, agus an siubhal nas fhaide agus an latha sgoile nas fhaide a tha aig clann a tha a' dol air bus gu Bun-sgoil Chille Mhoire.

3.2 Bha measgachadh de bheachdan aig na pàrantan a bhruidhinn ri Luchd-sgrùdaidh na Banrigh. Bha iad uile mothachail air cho cudromach 's a bha e sgoiltean a bhith sna coimhearsnachdan aca. Bu mhath le dàrna leth nam pàrantan Bun-sgoil Ùige fhaicinn a' fosgladh a-rithist. Tha iad dhen bheachd gu bheil an comas a bhith a' frithealadh sgoil a tha faisg air an dachaigh a' toirt buannachdan a thaobh a bhith comasach air coiseachd no a dhol air baidhsagal dhan sgoil còmhla ris a' chlann aca. Bha beachd eadar-dhealaichte aig an leth eile. Bha iad a' smaoinichadh gum bu chòir dhan ullachadh làithreach cumail a' dol leis a' chloinn a' frithealadh Bun-sgoil Chille Mhoire agus dorsan Bun-sgoil Ùige a bhith air an cumail dùinte. Bha iad a'

faireachdainn gun robh an clann a' faighinn buannachd bho àireamh na bu mhotha de sgoilearan a thaobh cothroman foghlaim agus suidheachadh sòisealta.

3.3 Bha a' chlann air fad a choinnich ri Luchd-sgrùdaidh na Banrigh airson 's gun leanadh na h-ullachaidhean làithreach. Bha iad a' cur luach air a bhith ag ionnsachadh agus a' measgachadh gu sòisealta ann am buidhnean na bu mhotha de chomhaoisean. Bha iad a' meas gun robh na h-ullachaidhean làithreach na b' fheàrr a thaobh nan cothroman agus nan eòlasan a tha iad a' mealtainn ann am Bun-sgoil Chille Mhoire. Cha bhiodh iad airson an càirdeasan a bhith air am briseadh nan deigheadh Bun-sgoil Ùige fhosgladh às ùr. Tha iad den bheachd nach b' e deagh fheum de dh'airgead na comhairle a bhiodh ann a bhith a' fosgladh na sgoile às ùr. B' fheàrr leotha nan deigheadh an t-airgead a chosg air a bhith a' leasachadh nan goireasan cluiche aig Bun-sgoil Chille Mhoire.

3.4 Mar cho-chomhairliche reachdail, tha Bòrd na Gàidhlig a' cur fàilte air a' mholadh aig Comhairle na Gàidhealtachd Bun-sgoil Ùige a bhith air a cumail dùinte agus an sgìre-sgoile aice a chur ri sgìre-sgoile Bun-sgoil Chille Mhoire. Ann am beachd a' Bhùird, cha bhi am moladh a tha ann sguir a thabhann foghlam aig Bun-sgoil Ùige a' toirt droch bhuaidh air solar FMG. Tha e dhen bheachd gu bheil an rola sgoile nas motha ann am Bun-sgoil Chille Mhoire a' toirt taic do bhith a' leantainn air adhart le dà chlas FMG aig Bun-sgoil Chille Mhoire. Tha seo a rèir nam molaidhean san Stiùireadh Reachdail a thaobh làn bhogadh bho P1-P3. Tha an comas aige a bhith a' tàladh barrachd phàrantan, agus mar sin, dh'fhaodadh ionnsachadh na Gàidhlig a bhith air a mheudachadh.

3.5 Rè àm a' cho-chomhairleachaidh chaidh innse dhan chomhairle mu mhearachd a bha sa mholadh ann an earrann 12.7. Feumaidh a' chomhairle dèanamh cinnteach gun gabh e na ceumannan a dh'fheumas e airson a' mhearachd seo a sgrùdadh. Na aithisg co-chomhairleachaidh dheireannaich, feumaidh a' chomhairle na gnìomhan a ghabhas e a chur an cèill gus dèiligeadh ris a' mhearachd seo mun d' fhuair e fiosrachadh.

3.6 Leis gu bheil am moladh a' leantainn air adhart gu bhith a' dùnadh sgoil air an tuath, ghabh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh cuideachd sùim de bheachdachadh na comhairle air na bun-chùisean air am bu chòir dhaibh sùil shònraichte a thoirt. Tha a' chomhairle air comharrachadh gu soilleir adhbharan airson a bhith a' riaghailteachadh a' mholaidh agus bheachdaich e air grunnan roghainnean eile seach a bhith a' dùnadh na sgoile mus deach e gu co-chomhairleachadh air a' mholadh. Bha na roghainnean air an deach beachdachadh a' gabhail a-steach: a' leantainn air adhart a' cumail Bun-sgoil Ùige dùinte; a' fosgladh Bun-sgoil Ùige às ùr mar sgoil EME; a' fosgladh Bun-sgoil Ùige às ùr mar sgoil a' tabhann EME agus FMG; a' leudachadh sgìre-sgoile Bun-sgoil Ùige às ùr mar sgoil tro EME no le EME agus FMG air a thabhann. Tha e air a thighinn chun a' cho-dhùnaidh nach tabhann gin de na roghainnean sin buannachdan nas motha.

3.7 Tha talla baile sa choimhearsnachd ionadail a bhios muinntir an àite a cleachdadh. Tha a' choimhearsnachd air a bhith às aonais Bun-sgoil Ùige airson còrr air ochd bliadhna. Tha togalach na sgoile air a chleachdadh le eaglais ionadail air an t-Sàbaid agus airson tachartasan eile an-dràsta agus a-rithist. Tha comas ann a' choimhearsnachd ionadail a bhith a' dèanamh barrachd feum den togalach. A thaobh na cloinne a tha a' fuireach ann an Ùige no faisg air, tha aca ri astar nas fhaide a shiubhal ann a bhith a' frithealadh sgoil ann an Cille Mhoire. Tha a' chomhairle a' pàigheadh airson còmh-dhail na cloinne air P1-P7 air a bheil seo a' toirt buaidh.

4. Geàrr-iomradh

Tha Luchd-sgrùdaidh na Banrigh den bheachd gu bheil an comas aig moladh Chomhairle na Gàidhealtachd buannachd foghlaim a libhrigeadh san fharsaingeachd. Tha a' chlann, an dà chuid ann an FMB agus FMG, comasach a bhith ag ionnsachadh ann am buidhnean còmhla ri clann den aon aois agus ìre ann an àrainn ionnsachaidh nas fhreagarraich. Tha iad a' cur fàilte air na cothroman airson cur-seachadan do sgiobaidhean agus buidhnean rè agus an dèidh na sgoile. Tha solar FMG agus FMB air a dheagh shuidheachadh aig Bun-sgoil Chille Mhoire bho chaidh Bun-sgoil Ùige a dhùnadh ann an 2010. Tha na h-ullachaidhean airson a bhith a' gluasad bho thràth-bhliadhnaichean chun na bun-sgoile ag obrachadh gu math. Bha beachdan phàrantan measgaichte. Bha an dàrna leth airson 's gun deigheadh Bun-sgoil Ùige fhosgladh às ùr. Bha iad a' dèanamh na h-argamaid gum biodh an t-astar siubhail air a ghiorrachadh agus gum biodh e na bhuannachd dhan choimhearsnachd nam biodh sgoil na b' ionadail ann. Nan deigheadh am moladh air adhart, bu chòir dhan chomhairle co-obrachadh leis a' choimhearsnachd gus sgrùdadh a dhèanamh air an dòigh as fheàrr feum a dhèanamh de thogalach Bun-sgoil Ùige. Bu chòir sgrùdadh a dhèanamh le luchd-ùidh mun dòigh a bu chòir goireasan cluiche aig Bun-sgoil Chille Mhoire a bhith air an cumail suas is air an leasachadh. Na aithisg co-chomhairleachaidh dheireannaich, feumaidh a' chomhairle na gnìomhan a tha e air a dhèanamh gus dèiligeadh ris a' mhearachd a chaidh a thogail, a chur an cèill.

Luchd-sgrùdaidh na Banrigh An t-Sultain 2019